

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



**\*Please scroll down for English Version\***

## THA SGITHEADH A' DOL GÀIDHLIG

**06 An Gearran 2009**

Tha sgitheadh ann an Alba air dreach gu tur ùr a ghabhail tro phrògram farsaing de shoidhneachan dà-chànanach agus stuthan taic Gàidhlig ann an Ionadan Sgithidh na h-Alba. Tha an t-seachdain seo a' comharrachadh crìoch na ciad ìre den phrògram leis an dà chuid, Ionad Sgithidh na Lice agus Ionad Sgithidh Ghleann Sìth, gu foirmeile a' cur air bhog an soidhneachan ùra Gàidhlig agus am mapa-slighe a tha gu h-iomlan dà-chànanach.

Mar phàirt den iomairt seo, tha an dà ionad air Planaichean Gàidhlig ullachadh, agus leis an sin a' dèanamh cinnteach gum bi am modh dà-chànanach a' leantainn air adhart san àm ri teachd agus gum bi ìomhaigh mòran nas àirde aig a' Ghàidhlig anns na h-àiteachan sin.

Tha Ionadan Sgithidh na Lice agus Ghleann Sìthe air iomairt nan soidhneachan ùra agus nam mapaichean a chur an gnìomh tro chom-pàirteachas eadar Comunn na Gàidhlig, Bòrd na Gàidhlig agus Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean le Bòrd na Gàidhlig a' solarachadh taic ionmhasail don iomairt.

Tha am pàirt cudromach a tha aig sgitheadh ann an eaconamaidh na h-Alba agus an tarraing a tha aig sgitheadh do gach aois a' ciallachadh gu bheil comas aig àireamh ùr den t-sluagh ruighinn air a' Gàidhlig, agus fiosrachadh fhaotainn air an lìonmhorachd de chothroman a tha co-cheangailte rithe.

Thuir Rosemary Nic a' Bhàird, an Ceannard an Gnìomh aig Bòrd na Gàidhlig, "Tha sinn glè thoilichte gu bheil comas againn taic a chur ris an dà ionad, an Leac agus Gleann Sìth, gus a' Ghàidhlig adhartachadh agus a cleachdadh nan obair làitheil. Is e seo a' chiad turas a tha Planaichean Gàidhlig air an cur an sàs sa roinn phrìobhaideach, agus tha miann làidir againn aire an t-sluaigh a tharraing gun raon farsaing de chothroman obrach a tha rim faotainn tron Ghàidhlig."

Thug Comunn na Gàidhlig (CnaG) taic practaigeach do na h-ionadan sgithidh agus chruthaich iad na mapaichean-slighe dà-chànanach. Dh'aithris Eàirdsidh MacGilleathain, Ceannard ChnaG, gu bheil e comasach do gach gnothachas sa Ghàidhealtachd agus na h-Eileanan taic ionmhasail agus practaigeach fhaotainn gus soidhneachan dà-chànanach a chleachdadh. "Bidh sinn a' solarachadh taic do raon de ghnòthachasan, agus an-dràsta fhèin tha sinn a'

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



sireadh chompanaidhean eile aig a bheil toil a thaobh soidhneachan dà-chànanach a chur an sàs."

Cha ghabh cudromachd na Gàidhlig do dh'eaconamaidh na h-Alba a bhith air a mheas fo luach agus tha Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean den bheachd gur e inneal làidir gun choimeas a th' anns a' chànan gus gnothachasan a bhrosnachadh. Thuir Alasdair MacLeòid bho Roinn Fàs Choimhearsnachdan aig Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean: "Tha InG a' faicinn na Gàidhlig mar mhaoin-taic do gnothachasan agus do choimhearsnachdan na Gàidhealtachd 's nan Eilean. Tha e na adhbhar toileachais a bhith a' faicinn an dìoghras ath-nuadhaichte seo agus an taic dhan Ghàidhlig air feadh na Gàidhealtachd, agus tha InG daingean a thaobh ar cànan, ar dualchas cultarach agus ar traidiseanan a chur gu feum ann an leasachadh na sgìre. Tha cleachdadh na Gàidhlig air soidhneachan na dhòigh èifeachdach agus buadhach gus a bhith a' taisbeanadh uail nar dearbh-aithne agus buntanas àite dhaibhsan a tha a' còmhnaidh ann agus a' tadhal air a' Ghàidhealtachd 's na h-Eileanan." Mar thoradh air an uimhir de dh'obair eadar-theangachaidh agus ghoireasan a chaidh a chruthachadh, tha comas aig an dà ionad sgithidh fiosrachadh a chur air na làraich-lìn aca co-cheangailte ri ainmean àiteachan gach ceàrnaidh agus mar a thàinig am briathrachas Gàidhlig gu bith.

Bithear a' leantainn air an obair aig An Leac agus Gleann Sìth le leasachaidhean ionnan aig Ionadan Sgithidh eile ann an Alba tro sheusan a' gheamhraidh. Tha Comunn na Gàidhlig a' cur fàilte air fiosrachadh air ais mu na leasachaidhean sin agus air seòladh puist-dealain a chur air bhonn a dh'aon ghnòthaich gus cothrom a thoirt do neach sam bith fios a chur thuca.

[sgitheadh@cnag.org.uk](mailto:sgitheadh@cnag.org.uk)

## Notaichean do luchd-deasachaidh

**Bòrd na Gàidhlig** Is e Buidheann Poblach Neo-roinneil gnìomhach a th' ann am Bòrd na Gàidhlig a chaidh a stèidheachadh le Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Is e am Bòrd am prìomh bhuidheann poblach ann an Alba aig a bheil an t-uallach airson leasachadh na Gàidhlig a chur air adhart agus a bhith a' toirt comhairle do Mhinistearan na h-Alba mu chùisean Gàidhlig. Am measg dhleastanasan agus ghnìomhan a' Bhùird tha a bhith ag amharc thairis air Plana Nàiseanta na Gàidhlig; a' comhairleachadh Mhinistearan na h-Alba air cùisean

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



Gàidhlig; ag obair le ùghdarrasan poblach gus planaichean Gàidhlig a thoirt gu buil; agus a' liubhairt ro-innleachd nàiseanta air foghlam Gàidhlig.

**Comunn na Gàidhlig** Is e Buidheann Leasachaidh Gàidhlig a th' ann an Comunn na Gàidhlig a tha fo chùnnradh aig an dà chuid, Bòrd na Gàidhlig agus Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean, gus pròiseactan a liubhairt a bhios a' leasachadh agus a' meudachadh air an uimhir de Ghàidhlig a tha air a cleachdadh ann an Alba.

**Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean** Is e buidheann leasachaidh eaconamach is coimhearsnachd Riaghaltas na h-Alba a th' ann an InG, airson sgìre eadar-mheasgte a tha a' còmhachadh còrr agus leth na h-Alba. Tha InG ag amas air fàs eaconamach seasmach a thogail anns gach pàirt den Ghàidhealtachd 's na h-Eileanan, agus bidh InG a' liubhairt a sheirbheisean tro sgiobaidhean sgìreil a tha suidhichte ann an àiteachan eadar Lèiruig agus Ceann Loch Gilb.

**Leac a' Ghobhainn** Tha Ionad Sgithidh na Lice 2090 troighean os cionn na mara am measg bòidhchead a' Mhonaidh Ruaidh an Ear. Tha an raon-cluiche nàdarrach seo a' tairgsinn ghnìomhachdan bhrosnachail a-muigh. Tarsainn air an A939, an rathad ainmeil eadar Drochaid a' Choilich agus Tom an t-Sabhail, gheibhear gun Leac 2090 furasta gu leòr bho Fhàn Spè agus An Aghaidh Mhòr, bho Abhainn Deathain agus Obar Dheathain agus bho Oir Dhè Rìoghail agus Peairt.

**Gleann Sìth** Tha an ionad ri taobh an rathaid mhòir as àirde ann an Alba a tha a' ruith tro bhealach Chàirn a' Bhailg. Aig aon àm, b' e seo aon de na prìomh shlighean dròbha eachdraidheil às a' Ghàidhealtachd chun na Galltachd. Thòisich sgitheadh ann an Gleann Sìth aig deireadh nan tritheadan agus a-nis is e an ionad sgithidh as motha ann an Alba.

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



## SKIING GOES GAELIC

06 February 2009

Skiing in Scotland has taken on a whole new look with an extensive programme of bilingual signage and Gaelic support materials at Scottish Ski Centres. This week marks the completion of stage one of the programme with both The Lecht Ski Centre and Glenshee Ski Centre formally launching their new Gaelic signage and fully bilingual piste map. As part of the initiative both ski centres have prepared Gaelic Language Plans which will ensure that the bilingual approach is continued in the future and that Gaelic will have a much enhanced profile at the locations.

The Lecht and Glenshee Ski Centres have delivered the new signage and maps through a partnership between Comunn na Gàidhlig, Bòrd na Gàidhlig and Highlands & Islands Enterprise with Bòrd na Gàidhlig providing financial support for the initiative.

The important role played by skiing in the Scottish economy and its appeal to all ages means that a whole new audience is now able to access Gaelic and be informed on the many opportunities available through the language.

Acting Chief Executive of Bòrd na Gàidhlig, Rosemary Ward said: "We are very pleased to be able to support both The Lecht and Glenshee to promote and use Gaelic in their daily business. This is the first time that Gaelic Language Plans have been implemented in the private sector and we very keen to draw attention to the extensive range of employment opportunities available through Gaelic."

Comunn na Gàidhlig (CnaG) provided practical support for the ski centres and supplied the bilingual piste maps. Archie Maclean, Chief Executive of CnaG, said that all businesses in the Highlands and Islands are able to access financial and practical support to use bilingual signs. "We provide support to a range of businesses and are actively seeking other companies who might wish to introduce bilingual signs".

The importance of Gaelic to the economy of Scotland cannot be underestimated and Highlands & Islands Enterprise believes that the language is a unique and powerful tool to help boost business. Alasdair MacLeòid of Highlands and Islands Enterprise Strengthening Communities Group said, "HIE sees Gaelic as an asset to businesses and communities in the Highlands and Islands. It's tremendous to see this renewed passion and support for Gaelic across the Gàidhealtachd, and HIE is committed to utilising our language and our cultural heritage and traditions in the region's development. The use of Gaelic on signs is a striking

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



and effective means of communicating a pride in our identity and a sense of place for those living in and visiting the Highlands and Islands.”

The extensive amount of translation work and resources created have resulted in both ski centres being able to add information to their websites relating to the place-names of each area and how the Gaelic versions of terminology was arrived at.

The work at The Lecht and Glenshee will be followed by similar developments at the other Scottish Ski Centres during the winter season. Comunn na Gàidhlig welcomes feedback on these developments and have set up a dedicated email address to enable anyone with an interest to contact them. [sgitheadh@cnag.org.uk](mailto:sgitheadh@cnag.org.uk)

*Notes for editors:*

**Bòrd na Gàidhlig** is an executive Non-Departmental Public Body established by the Gaelic Language (Scotland) Act 2005. The Bòrd is the principal public body in Scotland responsible for promoting Gaelic development and providing advice to the Scottish Ministers on Gaelic issues. The Bòrd’s duties and functions include overseeing the National Plan for Gaelic; advising Scottish Ministers on Gaelic issues; working with public authorities to produce Gaelic language plans; and the delivery of a national strategy on Gaelic education.

**Comunn na Gàidhlig** is the Gaelic Development Agency contracted by both Bòrd na Gàidhlig and Highlands & Islands Enterprise to deliver projects which will develop and increase the amount of Gaelic used in Scotland.

**Highlands and Islands Enterprise (HIE)** is the Scottish Government’s economic and community development agency for a diverse region which covers more than half of Scotland. HIE aims to build sustainable economic growth in all parts of the Highlands and Islands, and delivers its services through area teams located from Lerwick to Lochgilphead.

**The Lecht Ski Centre** is at 2090 feet above sea level amid the beauty of the Eastern Cairngorms. This natural playground offers exciting outdoor activities. Straddling the A939 on the famous Cockbridge to Tomintoul road, Lecht 2090 is easily reached from Speyside and Aviemore, Donside and Aberdeen, Royal Deeside and Perth.

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



**Glenshee or Gleann Sith**, (Gaelic for Glen of the Fairies), flanks the highest public road in Scotland which runs through the Cairnwell pass, formerly one of the main historic drove routes from the Highlands to the Lowlands. Skiing began in Glenshee in the late thirties and it is now the largest ski centre in Scotland.